

**Àrd-sgoil Gheàrrloch
Comhairle na Gàidhealtachd
4 Màrt 2008**

Clàr-innse	Td
1. Bun-fhiosrachadh	1
2. Prìomh neartan	1
3. Dè cho math 's a tha an sgoil ag àrdachadh coileanadh do na h-uile?	2
4. Dè cho math 's a tha an àrainneachd ionnsachaidh?	9
5. Stiùireadh agus leasachadh na sgoile	11
Pàipear-taice 1 Comharran càileachd	14
Pàipear-taice 2 Geàrr-chunntas air freagairtean cheisteachan	15
Pàipear-taice 3 Coileanadh ann an Teisteanasan Nàiseanta Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA)	16
Ciamar a gheibh sibh fios thugainn?	18

1. Bun-fhiosrachadh

Chaidh sgrùdadh Àrd-sgoil Gheàrrloch a dhèanamh san t-Sultain 2007 mar phàirt de shampall nàiseanta de fhoghlam àrd-sgoile. Ghabh an sgrùdadh a-steach prìomh roinnean de dh'obair na sgoile aig a h-uile ìre.

Rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh measadh air dè cho math 's a bha an sgoil ag àrdachadh coileanadh don h-uile sgoilear, a' toirt aire don ìre a choinnich an clàr-teagaisg agus an teagasg ri feuman ionnsachaidh sgoilearan. Rinn e sgrùdadh cuideachd air coileanadh na cloinne ann an deuchainnean nàiseanta (faic Pàipear-taice 3), modhan fèin-mheasaidh agus tionnsgalachd na sgoile, agus a buaidh agus comas airson leasachaidh san fharsaingeachd. Thug an Luchd-sgrùdaidh sùil shònraichte air Beurla, matamataig, nua-chànanan, ceòl agus foghlam Gàidhlig. Rinn an sgioba sgrùdaidh measadh cuideachd air roinnean de dh'adhartas na sgoile le buileachadh molaidhean nàiseanta co-cheangailte ri leasachadh air roinnean de sholar biadh sgoile.

Thug Luchd-sgrùdaidh na Banrigh aire do theagasg, ionnsachadh agus coileanadh ann an leasain agus suidheachaidhean eile agus rinn iad sgrùdadh air obair sgoilearan. Thug iad aire do fhreagairtean cheisteachan¹ a chaidh a chur gu sampall de phàrantan² agus sgoilearan agus chun a h-uile neach-obrach. Rinn iad agallamh le buidhnean de sgoilearan, a' gabhail a-steach riochdairean bhon chomhairle sgoilear, agus luchd-teagaisg. Choinnich buill den sgioba sgrùdaidh cuideachd ri riochdairean bhon Chomhairle Phàrant agus seaplain na sgoile.

Tha Àrd-sgoil Gheàrrloch neo-phàirteil a thaobh creideimh agus tha i a' frithealadh Geàrrloch agus an sgìre mun cuairt. Aig àm an sgrùdaidh, bha 194 air an rolla. Bha an àireamh sa cheud de sgoilearan le còir air biadh sgoile an-asgaidh a rèir na cuibheasachd nàiseanta. Bha frithealadh-sgoile mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta.

2. Prìomh neartan

Chomharraich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na prìomh neartan a leanas.

- Coileanadh àrd san fharsaingeachd ann an teisteanasan nàiseanta airson mòran sgoilearan.
- Na dàimhean fìor mhath agus an spiorad deimhinneach tron sgoil gu lèir.
- Dealas làidir sgoilearan, pàrantan agus luchd-obrach mun sgoil.
- Taic àrd-inbhe do sgoilearan le diofar fheuman sònraichte.
- Cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh agus conaltraidh (ICT) ann an dòigh èifeachdach agus ùr-ghnàthach gus coileanadh a bhrosnachadh.

¹ Faic Pàipear-taice 2

² Tron aithisg seo, bu chòir tuigsinn gu bheil 'pàrantan' a' gabhail a-steach oideachan-cùraim, luchd-obrach cùram còmhnaidheach agus luchd-cùraim a tha nan càirdean no caraidean.

3. Dè cho math 's a tha an sgoil ag àrdachadh coileanadh do na h-uile?

Gus measadh a dhèanamh air dè cho math 's a bha an sgoil ag àrdachadh coileanadh do na h-uile, bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air an ìre a chaidh coinneachadh ri feuman ionnsachaidh a h-uile sgoilear tron chlàr-teagaisg agus tron teagasg. Rinn iad measadh air buaidh na sgoile ann an adhartachadh ionnsachadh agus leasachadh pearsanta a h-uile sgoilear ann an leasain agus ann an suidheachaidhean eile san fharsaingeachd. Bheachdaich iad cuideachd air na h-ìrean a chaidh a choileanadh ann an raointean ionnsachaidh sònraichte.

An clàr-teagaisg

Bha càileachd a' chlàr-teagaisg math. Aig a h-uile ìre dh'ullaich an sgoil diofar chuspairean iomchaidh airson a' chuid as motha de sgoilearan. Bhathar fhathast gun gu leòr cheuman ùr-ghnàthach a ghabhail gus dèiligeadh ri feuman a h-uile sgoilear, mar eisimpleir tro chlàr-ama nas sùbailte no barrachd roghainnean a' gabhail a-steach prògraman prataigeach, stèidhichte air sgilean. Ghabh nithean sònraichte sa chlàr-teagaisg a-steach na leanas.

- Thug seachdain chòmhnaidheach ann an Cinn Drochaid airson sgoilearan ann an AS1 cothrom math airson adhartachadh air diofar sgilean cudromach mar fèin-mhisneachd agus obrachadh ann an sgioban.
- Bha an clàr-ama ann an AS1/AS2 feumach air co-òrdanachadh. Bha cus luchd-teagaisg eadar-dhealaichte aig sgoilearan gach seachdain. Ann an cuid de raointean, cha robh luchd-teagaisg air co-obrachadh gu leòr gus am biodh suidheachaidhean sgoilearan nas òrdaile.
- Cha robh prògraman anns a' chuid as motha de chuspairean a' togail gu leòr air gnìomhan ionnsachaidh sgoilearan sa bhun-sgoil.
- Bha an sgoil air sgilean sgoilearan ann an ICT agus tuigse air slàinte, iomairt agus saoranachd a bhrosnachadh gu soirbheachail tro ghrunn chuspairean agus thachartasan taobh a-muigh a' chlas.
- Bha an clàr-teagaisg ann an AS3/AS4 sùbailte gu leòr gus cothrom a thoirt do sgoilearan barrachd air aon nua-chànan a dhèanamh agus suas gu trì saidheansan. Cha robh mòran roghainnean anns na h-ealain agus ann am prògraman nas prataigeach, stèidhichte air sgilean.
- Thug clàran-ama èifeachdach cothrom don sgoil prògram fìor shoirbheachail de gnìomhan a-muigh agus fallaineachd ullachadh airson na sgoilearan a bu shine. Thug seo cothrom do bheagan sgoilearan Duaisean Stiùireadh Spòrs sa Choimhearsnachd fhaighinn.
- Bha an sgoil air cothrom a thoirt do sgoilearan fa leth anns na clasaichean àrda ùidhean sònraichte a rannsachadh. Ghabh seo a-steach cleachdadh ionnsachadh air astar bho chaochladh sholaraidhean, agus pàrant a bhuineadh don choimhearsnachd a' toirt taic do theagasg sìc-eòlas.

- Bha treòrachadh mun chlàr-teagaisg agus mu dhreuchdan fìor èifeachdach. Thug luchd-treòrachaidh agus luchd-obrach Dreuchdan na h-Alba san sgoil comhairle fiosraichte gus sgoilearan a chuideachadh le iarrtasan airson obair agus foghlam adhartach.
- Rinn prògram eòlas obrach adhartach leasachadh èifeachdach air sgilean obrach na cloinne le bhith a' toirt cothroman dhaibh cur airson eòlas obrach dhaibh fèin agus a chlàradh.
- Cha robh gu leòr ùine air a chur gu foghlam corporra anns na h-ìrean meadhan agus àrda agus gu foghlam spioradail agus moralta aig a h-uile ìre.

Teagasg agus coinneachadh ri feuman sgoilearan

Uile gu lèir, bha an teagasg math. Rinn luchd-teagaisg mìneachadh soilleir air obair agus rinn iad feum mhath de cheasnachadh agus de mholadh. Bha leasain cuimseach agus bha a' chuid as motha de sgoilearan soilleir mu dè bhathar a' sùileachadh bhuapa a dhèanamh. Bha luchd-teagaisg a' cumail a' sùileachadh ìre àrd giùlain bho sgoilearan. Bha ICT air a chleachdadh gu h-èifeachdach ann am mòran leasain gus taic a thoirt don teagasg agus cur ris an ionnsachadh agus ann am beagan chùisean bha na dòighean-teagaisg air leth math. Ann am beagan leasain cha tug luchd-teagaisg fiosrachadh èifeachdach air ais a bheireadh dùbhlán do sgoilearan, mar eisimpleir tro cheasnachadh no tro bhith a' toirt treòrachadh gu leòr air ciamar a dh'fhaodadh iad an cuid obrach a leasachadh. Bha cleachdadh obair-dachaigh neo-chunbhalach tron sgoil gu lèir. Ann an grunn chuspairean, cha tug modhan-obrach luchd-teagaisg cothroman gu leòr do sgoilearan air obrachadh còmhla. Bho AS3 an-àird, lean clasaichean fìor bheag uaireannan gu cleachdadh cus ghnìomhan pearsanta. Bha an sgoil air feuchainn ri ro-innleachdan 'S ann airson Ionnsachadh a tha Measadh (AifL) a chur an gnìomh gus luchd-teagaisg a chuideachadh a' leasachadh an ionnsachaidh agus an teagaisg. Gu ruige seo, cha robh iad air am buileachadh gu cunbhalach agus cha robh buaidh mòr gu leòr aca.

Bha neartan cudromach ann an ullachadh na sgoile airson coinneachadh ri feuman sgoilearan agus bha beagan raointean feumach air leasachadh. B' e neart sònraichte càileachd an ullachaidh airson sgoilearan le feuman taic a bharrachd. Bha luchd-teagaisg agus luchd-taic coibhneil agus èifeachdach ann an toirt taic aoghaireil do sgoilearan agus an treòrachadh gu adhartas math a dhèanamh len ionnsachadh. Chleachd luchd-teagaisg modhan èifeachdach airson comharrachadh agus coinneachadh ri feuman sgoilearan a dh'fheumadh taic a bharrachd len ionnsachadh. Fhuair sgoilearan cuideachadh bho luchd-taic ann an clasaichean gnàthach agus tro phrògraman buidhne air an deagh chuimseachadh. Bha siostaman èifeachdach aca gus targaidean do sgoilearan a dh'fheumadh prògraman foghlaim pearsanta (IEPan) a shuidheachadh agus ath-sgrùdadh, a' leantainn gu adhartas math airson sgoilearan. Fhuair luchd-teagaisg fiosrachadh agus trèanadh feumail mu fheuman sgoilearan sònraichte, mar an fheadhainn le trioblaidean a thaobh raon autism. Bha luchd-teagaisg tron sgoil gu lèir air tuigsinn gum feumar leasachadh air an dòigh anns an robh iad a' coinneachadh ri feuman sgoilearan le diofar chomasan. Cha robh iad air ceuman èifeachdach a ghabhail gus leasachadh cunbhalach a dhèanamh, gu sònraichte ann an AS1/AS2. Mar thoradh air, cha robh dùbhlán gu leòr ann am beag-chuid de leasain airson sgoilearan comasach fheuchainn no cothrom gu leòr do sgoilearan eile na bha iad air ionnsachadh a dhaingneachadh. Cha robh àite luchd-teagaisg taic ionnsachaidh ann an

clasaichean fhathast air a thoirt gu ìre tro phlanadh èifeachdach còmhla ri luchd-teagaisg a' chlas. Fhuair an sgoil fiosrachadh bho bhun-sgoiltean mu na bha sgoilearan air a choileanadh roimhe. Anns a' chuid as motha de chùisean, cha do chleachd luchd-teagaisg am fiosrachadh seo gu h-èifeachdach airson slighean ionnsachaidh a phlanadh no adhartas sgoilearan a mheasadh tro AS1-AS2. Bha feum air tuilleadh obrach a dhèanamh gus leudachadh air na diofar phrògraman prataigeach a tha stèidhichte air sgilean airson sgoilearan le feuman ris nach robhar a' coinneachadh tro phrògraman a tha gu h-àraidh acadaimigeach.

Ionnsachadh agus leasachadh pearsanta

Uile gu lèir, bha càileachd an ionnsachaidh iomchaidh. Tron sgoil gu lèir, bha sgoilearan modhail agus a' co-obrachadh, agus mar as trice chaidh iad an sàs gu math anns na gnìomhan a thugadh dhaibh. Tron sgoil gu lèir bha càileachd ionnsachadh nan sgoilearan ro chaochlaideach. Bha cus ghnìomhan gun astar agus dùbhlann iomchaidh. Ann am beagan chuspairean thug an cudrom air cruthachadh, suidheachaidhean fìor agus ionnsachadh air an ceann fhèin brosnachadh agus dealas làidir do sgoilearan. Anns na leasain sin, bha sgoilearan cinnteach mu dè dh'ionnsaicheadh iad ann an gnìomhan beothail agus tlachdmhor, gu tric a' cleachdadh ICT. Bha luchd-teagaisg ag amas air fiosrachadh nas fheàrr a thoirt do sgoilearan mu dè bha iad air a dhèanamh gu math agus dè dh'fheumadh iad a dhèanamh airson leasachadh. Bha seo gun buaidh a thoirt air adhartas sgoilearan ann an ionnsachadh, gu sònraichte ann an AS1 agus AS2. Cha robh an t-ullachadh airson gum biodh clasaichean no sgoilearan fa leth a' cleachdadh leabharlann na sgoile ag obrachadh gu math. Mar thoradh air, bhathar a' call cothroman air suidheachaidhean ionnsachaidh a leasachadh agus diofar sgilean ionnsachaidh adhartachadh agus ann am beagan chùisean bha luchd-teagaisg fa leth a' cur air dòigh roinnean leabhraichean anns na rumannan aca fhèin.

Bha leasachadh pearsanta agus sòisealta sgoilearan fìor mhath. Bha sgoilearan fìor mhodhail, càirdeil agus èasgaidh. Ghabh sgoilearan anns na clasaichean àrda os làimh caochladh dhleasan gu fìor mhath agus bha an sgoil air taic a thoirt dhaibh tro thrèanadh iomchaidh aig àm iomchaidh airson dleasan sònraichte. Aig a h-uile ìre, bha cothroman aig sgoilearan a dhol an sàs ann an tachartasan a chuidich iad a' fàs mar dhaoine misneachail agus saoranaich cunntachail, mar eisimpleir tro iomadh seòrsa tachartas carthannais. Bho AS3 gu AS6, ghabh mòran sgoilearan pàirt ann an Sgeama Dhuaisean Diùc Dhùn Èideann, agus fhuair na sgoilearan a bu shine cuideachd air teisteanasan Stiùiriche Spòrs sa Choimhearsnachd fhaighinn. Chuidich obair iomairt agus co-fharpais ann an spòrs agus na h-ealain sgoilearan ag ionnsachadh sgilean ann an obair-sgioba, fuasgladh-cheistean agus a dèiligeadh ri cunnartan ann an dòigh chuimseach. Chuidich na tachartasan sin cuideachd ag ionnsachadh luachan iomchaidh mu chom-pàirteachadh agus cuideachadh. Bha sgoilearan anns na clasaichean àrda air tachartasan deireadh-teirm a chur air dòigh airson daoine eile, mar Farpais-cheist Nollaige agus Taisbeanadh Aodaich a chòrd gu mòr ri daoine. Bha an sgoil air iomadh seòrsa tachartas a chruthachadh airson dòighean-beatha beothail a bhrosnachadh a ghabh a-steach diofar phrògraman spòrs agus fallaineachd. Bha sgioba de sgoilearan AS1/AS2 air duais nàiseanta fhaighinn bho Chàirdean na Talmhainn airson a h-obair air cùisean àrainneachd agus glèidhteachais. Bha a roth-gaoithe fhèin aig an sgoil a bha a' meudachadh mothachadh sgoilearan air stòrasan ath-nuadhachaidh. Ghabh am prògram foghlaim pearsanta agus sòisealta (PSE) a-steach cuspairean freagarrach bho AS1 gu AS6. Bha sgoilearan a' faighinn beachdan fallain agus sgilean saoranachd tro chothroman cunbhalach air com-pàirteachadh anns an ionnsachadh aca ann am PSE. Bha structair a' chùrsa a' toirt sùbailteachd airson gum b' urrainn do ghnìomhan dèiligeadh ri cùisean co-aimsireach. Cha d' fhuair teagasg a' phrògram tro leasain PSE sgrùdadh dlùth

gu leòr fhathast airson dèanamh cinnteach gun robh càileachd fèin-fhiosrachadh sgoilearan ann an leasain PSE daonnan àrd.

Beurla

Cho-roinn luchd-teagaisg susbaint nan leasan gu h-èifeachdach ri sgoilearan. Chleachd iad ICT agus meadhanan eile gu sgoilearan a chuideachadh a' leudachadh an sgilean cnuasachadh sgrùdail. Rinn an teagasg cinnteach gun ghabh a h-uile neach-ionnsachaidh barrachd is barrachd uallach airson an ionnsachaidh, agus com-pàirt ann. Sa chumantas bha gnìomhan a rèir feuman sgoilearan ach dh'fheumadh sgoilearan comhairle na bu trice mu dè b' urrainn dhaibh a dhèanamh airson leasachadh air na bha iad ag ionnsachadh aig AS1/AS2. Tron bheachdachadh a rinn iad air roghainn mhath de theacsaichean, a' gabhail a-steach sgrìobhadh Albannach, dh'fhàs misneachd sgoilearan ann an cur an cèill am beachdan fhèin mu chùisean ionadail agus nàiseanta.

Uile gu lèir, bha càileachd an teagaisg, an ionnsachaidh, coinneachadh ri feuman agus a' choileanadh math. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Aig AS1/AS2, choilean a' mhòr-chuid de sgoilearan na h-ìrean nàiseanta iomchaidh ann an leughadh, sgrìobhadh, labhairt agus èisteachd.
- Aig AS3/AS4 bha a' chuibhreann de sgoilearan a' coileanadh Comharran 1-2 aig Ìre Choitcheann os cionn na cuibheasachd nàiseanta.
- Aig AS5/AS6 bha a' chuibhreann de sgoilearan a' coileanadh Comharran A-B aig Àrd-ìre mòran nas àirde. Fhuair a' mhòr-chuid de thagraichean duais aig A-C. Aig Eadar-mheadhan 2 bha a' chuibhreann de sgoilearan a' faighinn duais aig A-B mòran nas ìsle na a' chuibheasachd nàiseanta, ach aig A-C bha e a rèir na cuibheasachd nàiseanta. B' e nas lugha na dara leth nan tagraichean airson Eadar-mheadhan 1 a fhuair duais aig A-C, ach aig Sàr Àrd-ìre fhuair a' chuid as motha de sgoilearan duais aig A-C.

Matamataig

Rinn luchd-teagaisg saothair gus leasain a dhèanamh freagarrach do sgoilearan agus chleachd iad obair-dachaigh gu math. Thug iad mìneachaidhean cuideachail do sgoilearan fa leth. Thug luchd-teagaisg mìneachadh èifeachdach air bun-bheachdan nas sìmplidh agus ciamar a dhèanadh iad àireamhachd gnàthach. Ann an cuid de chlasaichean, bha ICT air a chleachdadh airson cur ri càileachd an teagaisg agus an ionnsachaidh. Dh'obraich sgoilearan gu math anns a' chlas, ach cha robh cothroman gu leòr aca smaoinichadh dhaibh fèin no obrachadh còmhla. Cha robh luchd-teagaisg daonnan a' mìneachadh do sgoilearan dè bhathar a' sùileachadh bhuapa ionnsachadh agus cha robh iad daonnan a' cleachdadh ceasnachadh gu h-èifeachdach. Ann an grunn leasain bha astar an ionnsachaidh ro shlaodach.

Uile gu lèir, bha càileachd an teagaisg agus coinneachadh ri feuman sgoilearan iomchaidh. Bha càileachd an ionnsachaidh lag. Bha an coileanadh iomchaidh. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Aig AS1/AS2, fhuair a' mhòr-chuid de sgoilearan ìrean nàiseanta iomchaidh.

- Aig deireadh AS4, bha a' chuibhreann de sgoilearan a' faighinn duais Creideas air a dhol suas agus bha e mòran nas àirde na a' chuibheasachd nàiseanta. Cha do rinn sgoilearan ann an AS3/AS4 cho math ann am matamataig ri na cuspairean eile aca, ach bha comharran air leasachadh ann o chionn ghoirid.
- Aig AS5/AS6, bha toraidhean aig Eadar-mheadhan 2 gu cunbhalach os cionn nan ìrean cuibheasachd nàiseanta. Bha cus thagraichean aig Àrd-ìre nach d' fhuair duais A-C.
- Aig deireadh AS6, fhuair a' chuid as motha de thagraichean aig Sàr Àrd-ìre duais A-C.

Nua-chànanan

Chleachd luchd-teagaisg moladh gu h-èifeachdach agus rinn iad eadar-obrachadh math le sgoilearan. Ghabh leasain a-steach measgachadh iomchaidh de ghnìomhan agus rinn luchd-teagaisg feum mhath de ICT gus sgoilearan a bhrosnachadh agus cur ris an ionnsachadh aca. Fhuair sgoilearan taic mhath len ionnsachadh ach cha robh astar agus dùbhlann gu leòr ann an cuid de leasain Fraingis. Ann an Gearmailtis, bha sgoilearan air tòiseachadh ag ionnsachadh sgilean cànanain leudaichte ann an suidheachaidhean freagarrach. Dh'fhaodadh luchd-teagaisg barrachd chothroman a thoirt don h-uile sgoilear air na sgilean sin a leasachadh tro ghnìomhan co-obrachaidh.

Uile gu lèir, bha càileachd an teagaisg, an ionnsachaidh agus coinneachadh ri feuman math. Bha an coileanadh math. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Aig AS1/AS2, rinn sgoilearan gu math le obair-cùrsa, ach cha robh iad fhathast air sgilean leudaichte ionnsachadh ann an èisteachd, labhairt agus leughadh.
- Aig AS4, fhuair cha mhòr a h-uile tagraiche airson Fraingis Ìre Choitcheann duais aig Comharran 1-4. Ann an Gearmailtis fhuair a h-uile tagraiche Ìrean 1-2. Bha na cuibhreannan sin nas àirde na no mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta fa leth. Choilean a h-uile tagraiche airson Fraingis duais Access 3.
- Aig AS5/6, bha a' chuibhreann de sgoilearan a' coileanadh duais A-C mòran nas àirde na a' chuibheasachd nàiseanta ann am Fraingis agus Gearmailtis. Fhuair cha mhòr a h-uile sgoilear duais ann an Gearmailtis, agus cuideachd a h-uile sgoilear ann am Fraingis. Choilean a h-uile tagraiche airson Eadar-mheadhan 2 agus Fraingis Sàr Àrd-ìre duais A-C.

Gàidhlig

Chleachd luchd-teagaisg iomadh seòrsa gnìomh gus brosnachadh agus com-pàirt a thoirt do sgoilearan anns an ionnsachadh. Aig a h-uile ìre chleachd luchd-teagaisg ceistean gu h-èifeachdach gus tuigse sgoilearan a leudachadh. Bha amasan nan leasan air an co-roinn ri sgoilearan agus air an daingneachadh anns na leasain. Bha spiorad math anns a h-uile clas agus bha sgoilearan ag iarraidh an obair as fheàrr a choileanadh. Bha cothroman air a thoirt do sgoilearan co-obrachadh ann an càraidean, agus ann am buidhnean beaga agus mòra. Bha ICT air a chleachdadh gu fìor èifeachdach airson taic a thoirt don ionnsachadh agus sgoilearan a bhrosnachadh.

Uile gu lèir, bha càileachd an teagaisg agus an ionnsachaidh fìor mhath, agus bha coinneachadh ri feuman math. Bha coileanadh fìor mhath. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Bha pròiseact coimhearsnachd fìor shoirbheachail airson sgoilearan Gàidhlig AS1 air sgilean ICT sgoilearan agus, còmhla ris a' phròiseact iPod aca, fileantachd agus sgilean rannsachaidh air an ceann fhèin a mheudachadh.
- Aig a h-uile ìre, bha Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ag ionnsachadh sgilean math ann an Gàidhlig, a' togail air an labhairt, èisteachd, leughadh agus sgrìobhadh. Bha sgoilearan ann an AS4 a' dèanamh adhartas fìor mhath a dh'ionnsaigh Ìre Choitcheann. Choilean a h-uile sgoilear aig Àrd-ìre duaisean aig A-C. Aig Sàr Àrd-ìre, bhathar a' toirt sgilean ann am breithneachadh litreachais agus rannsachadh air an ceann fhèin air adhart gu math.
- Bha ìrean ann an Gàidhlig fìor àrd, le sgoilearan aig a h-uile ìre a' coileanadh nan ìrean nàiseanta iomchaidh a' gabhail a-steach aig Ìre Choitcheann ann an AS4. Bha sgoilearan aig Àrd-ìre a' leudachadh air sgilean ann am breithneachadh litreachais agus rannsachadh air an ceann fhèin.

Ceòl

Bha leasain cuimseach. Bha an teagasg taiceil, agus bha mìneachaidhean agus stiùireadh soilleir. Bhathar a' coinneachadh gu fìor mhath ri feuman sgoilearan bho AS3 far an do rinn iad roghainnean agus speisealachd ach chuir an cion roghainn ionnstramaid ann an AS1/AS2 bacadh air adhartas do chuid dhiubh ann an cluich ciùil. Bha ICT air a chleachdadh gu fìor èifeachdach, gu sònraichte gus cuideachadh le innleachdas. Bha a' chuid as motha de sgoilearan dealasach agus chaidh iad an sàs gu math ann an ionnsachadh, ach dh'fheumadh iad barrachd chothroman airson cluich ioma-ionnstramaid ann an clasaichean agus buidhnean.

Uile gu lèir, bha càileachd an teagaisg fìor mhath. Bha càileachd an ionnsachaidh agus coinneachadh ri feuman sgoilearan math. Bha coileanadh math. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Aig AS1/AS2, bha diofar sgilean iomchaidh air an cur fa chomhair sgoilearan ach bha adhartas ann an cluich ciùil cuingichte le structair a' chùrsa.
- Aig AS3/AS4, bha a' chuibhreann de duais Creideas aig Ìre Choitcheann os cionn na cuibheasachd nàiseanta, agus fhuair a h-uile tagraiche duais aig ìrean 1-4. Choilean a h-uile tagraiche airson aonadan fa leth pas.
- Aig AS5/AS6, bha tagraidhean aig Àrd-ìre an ìre mhath a rèir na cuibheasachd nàiseanta agus choilean a h-uile sgoilear duaisean aig A-C.
- Aig Eadar-mheadhan 2 agus Sàr Àrd-ìre, bha a h-uile tagraiche air duais fhaighinn aig A-C.

Coileanadh

Tha fiosrachadh mu na cuspairean a chaidh an sgrùdadh air a thoirt nas tràithe anns an aithisg. Tron sgoil gu lèir, tha feartan sònraichte de dh'adhartas sgoilearan, toraidhean ann an deuchainnean agus teisteanasan eile, a' gabhail a-steach an fheadhainn a fhuair a' bhò Ughdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) taobh a-staigh Frèam Creideis agus Teisteanas na h-Alba (SCQF)³ airson nan trì bliadhna 2005-2007, air an toirt shìos.

Aig deireadh AS2 bha an coileanadh iomchaidh. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Anns a h-uile cuspair, rinn sgoilearan adhartas ann an obair-cùrsa ach anns a' chuid as motha cha robh na h-ìrean a bhathar a' coileanadh soilleir gu leòr no air am measadh gu h-èifeachdach. Sa chumantas, cha robh coileanadh air àrdachadh gu leòr tro AS1/AS2. Bha an sgoil gun dèanamh cinnteach gun robh an t-ionnsachadh a' togail gu h-èifeachdach air na h-ìrean a bha sgoilearan air a choileanadh sa bhun-sgoil. Choilean a' mhòr-chuid de sgoilearan ìrean nàiseanta iomchaidh ann an èisteachd, labhairt, leughadh, sgrìobhadh, agus matamataig.

Aig deireadh AS4 bha coileanadh math. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Bha a' chuibhreann de sgoilearan a' coileanadh Beurla agus matamataig aig SCQF ìre 3 gu cunbhalach os cionn na cuibheasachd nàiseanta. Bha a' chuibhreann a' coileanadh còig duaisean no barrachd aig SCQF ìre 3 os cionn na cuibheasachd nàiseanta. Aig ìrean 4 agus 5 bha a' chuibhreann gu cunbhalach mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta.
- Bha na cuibhreannan de sgoilearan a fhuair duais Creideas aig Ìre Choitcheann mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta ann an ealan agus dealbh, bith-eòlas, ceimigeachd, Gearmailtis agus conaltradh grafaic. Bha toraidhean sgoilearan ann an ealan agus deilbh, ceimigeachd, agus conaltradh grafaic nas fheàrr na anns na cuspairean eile aca.

Aig deireadh AS6 bha coileanadh math. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.

- Bha na cuibhreannan de sgoilearan a' coileanadh còig duaisean no barrachd aig SCQF ìrean 3, 4 no 5 mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta.
- Bha na cuibhreannan de sgoilearan a' coileanadh aon no barrachd, trì no barrachd no còig duaisean aig SCQF ìre 6 mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta.
- Aig Àrd-ìre, bha na cuibhreannan de sgoilearan a' coileanadh duais aig A-C mòran nas àirde na ìrean cuibheasachd nàiseanta ann an ealan agus deilbh, ceimigeachd, conaltradh grafaic, agus fiosaig.

³ Ìrean Frèam Creideas agus Teisteanas na h-Alba (SCQF):

7: Sàr Àrd-ìre aig A-C/CSYS aig A-C

6: Àrd-ìre aig A-C

5: Eadar-mheadhan 2 aig A-C; Ìre Choitcheann aig 1-2

4: Eadar-mheadhan 1 aig A-C; Ìre Choitcheann aig 3-4

3: Cùrsaichean Access 3; Ìre Choitcheann aig 5-6

- Aig Àrd-ìre, bha a’ chuibhreann de sgoilearan a’ coileanadh duaisean aig A-C nas ìsle na a’ chuibheasachd nàiseanta ann an coimpiutadh. Bha e air a bhith mòran nas ìsle na a’ chuibheasachd nàiseanta ann an cruinn-eòlas ach o chionn ghoirid bha e air a dhol suas gu mòr. Ann am bith-eòlas, bha àireamh mhòr de thagraichean nach d’ fhuair duais aig A-C.

4. Dè cho math 's a tha an àrainneachd ionnsachaidh?

Cuspair	Beachd
Cùram aoghaireil	<p>Uile gu lèir, bha càileachd a’ chùraim aoghaireil a’ gabhail a-steach cùram agus sochair sgoilearan fìor mhath. Bha luchd-teagaisg coibhneil agus furasta bruidhinn riutha agus chùim iad sùil gu ìre ìomchaidh air sgoilearan. Bha sgoilearan cinnteach gun deigheadh dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith gun dàil, gu h-èifeachdach agus gu faiceallach. Dh’obraich luchd-treòrachaidh agus luchd-teagaisg taic ionnsachaidh gu math mar sgioba agus còmhla ri buidhnean com-pàirteachais gus dèiligeadh ri feuman sgoilearan. Bha a h-uile neach-obrach a’ beachdachadh gu cunbhalach air feuman taic pearsanta agus ionnsachaidh sgoilearan agus bha taic air leth math air a thoirt do sgoilearan aig an robh duilgheadasan len giùlan. Bha modhan airson cùram agus sochair sgoilearan a dhaingneachadh, a’ gabhail a-steach dìon chloinne agus dèiligeadh ri burraidheachd, soilleir agus aithnichte do luchd-obrach. Thuirt sgoilearan a dh’fhiosraich burraidheachd gun robh cùisean air am fuasgladh gu luath agus gu h-èifeachdach. Thug club ùr-ghnàthach aig àm-bidhe misneachd do sgoilearan aig AS1/AS2 prìomh phàirt a ghabhail ann am filleadh a-steach sa chlas aca sgoilearan nach robh a’ leantainn clàr-teagaisg gnàthach. Rinn ceanglaichean aoghaireil ri bun-sgoiltean gluasad sgoilearan bho P7 gu AS1 nas fhasa. Bha an sgoil air ceuman deimhinneach a ghabhail ann an àrdachadh mothachadh sgoilearan air dòighean-beatha fallain agus ghabh sgoilearan gu math ri na diofar roghainnean fallain a bha air am brosnachadh tro bhiadh sgoile. Bha sgoilearan a’ leasachadh an sgilean sòisealta agus an eòlas air biadh fallain gu math tro chothroman mar ithe còmhla aig àm-bidhe.</p>

Cuspair	Beachd
<p>Càileachd nan togalaichean agus nan goireasan</p>	<p>Bha an togalach math. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Togalach air a chumail suas gu fìor mhath agus ann an staid mhath. • Cha robh tèarainteachd sgoilearan ann an togalach na sgoile èifeachdach. • Bha sàbhailteachd nan suidheachan anns an talla-bidhe feumach air leasachadh. • Bha an t-slighe gu raon na sgoile cuingichte le droch dhrèanadh. • Cha robh gu leòr roinnean sòisealta a-staigh san sgoil do sgoilearan. • Cha robh an leabharlann uidheamaichte air fhilleadh a-steach gu math don ionnsachadh airson a' chuid as motha de sgoilearan. • Solarachadh ICT làidir airson adhbharan rianachd, agus ann am mòran chuspairean gus taic a thoirt do ionnsachadh agus teagasg.
<p>Suidheachadh agus dàimhean, sùileachadh agus adhartachadh buileachaidh agus co-ionannachd</p>	<p>Bha an sgoil air leth aoiheil agus càirdeil. Bha sgoilearan, pàrantan agus luchd-obrach moiteil às an sgoil agus às na bhathar a' coileanadh. Bha dàimhean fìor mhath tro cha mhòr an sgoil gu leir agus bha misneachd àrd. Bha luchd-teagaisg a' sùileachadh ìre àrd dealais bho sgoilearan a thaobh an ionnsachaidh agus an giùlain. Bha mothachadh làidir air co-ionannachd agus cothromachd aig an sgoil agus bha i air leth soirbheachail ann an gabhail a-steach sgoilearan à iomadh seòrsa coimhearsnachd. Rinn luchd-teagaisg cinnteach gum faigheadh sgoilearan le feuman taic cudromach air làn phàirt a ghabhail ann am beatha na sgoile. Bha a h-uile neach-obrach air trèanadh fhaighinn mu phoileasaidh co-ionannachd cinnidh an ùghdarras foghlaim. Mar thoradh air, bha an sgoil a-nis ann an suidheachadh math airson làn sgrùdadh a dhèanamh air an ìre a leasaich an clàr-teagaisg beachdan agus luachan sgoilearan. Bha tuigse mhath aig sgoilearan air cùisean co-ionannachd agus cothromachd sa chomann-shòisealta. Cha do dh'ullaich an sgoil gu leòr òrdaighean cràbhachd do sgoilearan. Bha an ceannard ag obair còmhla ris an t-seaplain ionadail gus ullachadh na sgoile anns an raon seo a leasachadh.</p>

Cuspair	Beachd
Co-obrachadh le pàrantan agus a' choimhearsnachd	<p>Bha an sgoil air dàimhean fìor mhath a dhèanamh ri pàrantan agus a' choimhearsnachd. Ghabh nithean sònraichte a-steach na leanas.</p> <ul style="list-style-type: none"> • An suidheachadh aoigheil agus dàimheil san sgoil. • Càileachd an fhiosrachaidh a gheibheadh pàrantan mu roinnean de bheatha na sgoile, na bha sgoilearan a' coileanadh, agus aithisgean mu adhartas na cloinne aca. • Ceanglaichean làidir ris an t-seaplaineachd ionadail. • Dàimh mhath agus bhuannachdail ri buidhnean a' riochdachadh phàrantan. <p>Tro cheisteachan an sgrùdaidh, nochd pàrantan ìrean àrda toileachais leis an sgoil. Ach, còmhla ri beagan sgoilearan, thuirte beagan dhiubh gun robh iomagainean sònraichte aca mu roinnean den fhoghlam san sgoil. Dh'fheumadh an sgoil na h-iomagainean sin a rannsachadh agus fhuasgladh, agus a modhan gearain ath-bhreithneachadh, gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn do phàrantan, sgoilearan agus luchd-obrach an iomagainean innse aig ìre thràth agus leis an dìomhaireachd iomchaidh.</p>

5. Stiùireadh agus leasachadh na sgoile

Bha an sgoil soirbheachail le àrdachadh coileanadh airson a h-uile sgoilear. Rinn sin cinnteach gum b' urrainn dhaibh na teisteanasan a dh'fheumadh iad fhaighinn airson a dhol air adhart bhon sgoil. Barrachd is barrachd, bha an sgoil a' toirt cothroman inntinneach do sgoilearan sgilean agus feartan pearsanta a leudachadh, mar misneachd agus iomairt. Bha luchd-teagaisg fhathast ag obrachadh gus àite a thoirt do na pàirtean cudromach sin de choileanadh. Bha an sgoil a-nis ann an suidheachadh math airson amasan nas àirde agus nas ùire a thoirt do na sgoilearan aice gus dèanamh cinnteach gum biodh an sgilean ionnsachaidh agus suidheachaidhean dreuchdail gan uidheamachadh gu math airson nan làithean ri teachd.

Bha an stiùireadh tron sgoil gu lèir math. Bha ro-innleachd a' cheannaird airson cumhachd a thoirt do luchd-teagaisg aig a h-uile ìre a bhith a' stiùireadh nan raointean aca fhèin a' tòiseachadh a' nochdadh toraidhean misneachail ann an cuid de raointean. Bha an cothrom aig luchd-teagaisg am beachdan fhèin a chur air adhart ann an suidheachadh a bha a' sìor shùileachadh bhuapa a bhith cunntachail airson leasachadh. Bha an dòigh seo airson stiùireadh a leasachadh aig a h-uile ìre math agus bha e a' brosnachadh dòighean-teagaisg inntinneach, ùr-ghnàthach bho chuid den luchd-teagaisg. Mar eisimpleir, bha stiùireadh taic ionnsachaidh eisimpleireach. Bha a' bhuidheann air teagasg prìomh luchd-teagaisg nan roinnean nas caochlaidiche. Dh'fheumadh àrd sgioba stiùiridh na sgoile a-nis rianachd nas èifeachdaiche a dhèanamh air a' bhuidheann stiùirichean seo, agus tionnsgsnaidhean nas òrdaile a chur air dòigh anns an ionnsachadh gus fèin-fhiosrachadh sgoilearan tron sgoil gu

lèir a leasachadh. Rinn an ceannard stiùireadh math. Anns an dà bhliadhna a bha e san dreuchd bha e air suidheachadh urrainn agus earbsa proifeiseanta a stèidheachadh le luchd-obrach. Bha iad fhèin agus a' choimhearsnachd a bha an sgoil a' frithealadh a' cur meas mòr air. Bha e air breithneachadh math a nochdadh ann am brosnachadh neartan na sgoile agus anns an dòigh a fhrithheil i a coimhearsnachd. Bha sealladh soilleir aig a' cheannard airson buaidh na sgoile a mheudachadh. Bha e air cudrom a chur air coinneachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche ri feuman a h-uile neach-ionnsachaidh tro roghainnean agus tro ionnsachadh agus teagasg nas fheàrr. Bha e air tòiseachadh a' cur an t-seallaidh seo an gnìomh le aire shònraichte air roinnean den choileanadh. Cha robh e fhathast air an sealladh seo innse gu soilleir don h-uile neach-obrach no do choimhearsnachd na sgoile gu lèir.

Bha fèin-mheasadh iomchaidh. Rinn modhan gealltanais càileachd na sgoile cinnteach gun robh fios aig luchd-obrach dè cho math 's a bha an sgoil a' dèanamh san fharsaingeachd, mar eisimpleir sa mhiann shoirbheachail aice air teisteanasan do sgoilearan. Bha modhan èifeachdach aig an sgoil airson faighinn a-mach ciamar a bha pàrantan agus sgoilearan a' faireachdainn mun sgoil. Rinn luchd-teagaisg sgrùdadh air toraidhean bho dheuchainnean agus, bho àm gu àm, bha buill den àrd sgioba stiùiridh a' tadhal air leasain gus measadh a dhèanamh air càileachd an ionnsachaidh fhad 's a bha e a' dol air adhart. Bha planaichean leasachaidh ceangailte ri toradh nam measaidhean sin. Bha na dòighean-obrach sin feumail ach cha robh iad teann gu leòr airson buaidh mhòr a thoirt air càileachd a leanadh gu leasachadh. Gu sònraichte, bha cus neo-chunbhalachd anns an dòigh san do bhuilich manaidsearan sa mheadhan na dòighean-obrach. Cha robh an ceannard fhathast air pàirt dìreach gu leòr a ghabhail ann an gealltanais càileachd aig a h-uile ìre. Cha do rinn e soilleir dè bha e a' sùileachadh gus dèanamh cinnteach gun robh leasachaidhean planaichte, mar AifL, air am buileachadh gu h-èifeachdach. Gus ionnsachadh agus coileanadh a leasachadh agus leasachadh leantainneach a chumail a' dol dh'fheumadh an sgoil a-nis modhan fèin-mheasadh nas cunbhalaiche a chleachdadh leis a h-uile neach-teagaisg, neach-ionnsachaidh agus pàrant. Uile gu lèir, bha comas airson leasachaidh aig an sgoil.

Còmhla ri bhith a' togail air na neartan agus a' dèiligeadh ri na cùisean air an togail tron aithisg seo, bu chòir don sgoil agus don ùghdarras foghlaim dèiligeadh ri na prìomh phuingean gnìomha a leanas.

Prìomh phuingean gnìomha

- Leasachadh air tèarainteachd sgoilearan ann an togalach na sgoile.
- Àrdachadh coileanaidh tro leasachadh air a' chlàr-ama aig AS1/AS2, roghainnean sa chlàr-teagaisg, gluasad air adhart bho na bha iad air ionnsachadh roimhe, agus bho ionnsachadh agus teagasg.
- Lùghdachadh air an ìre de sgoilearan nach robh a' faighinn duais ann an deuchainnean aig AS5/AS6.
- Ath-sgrùdadh nan adhbharan airson nach eil an leabharlann air a chleachdadh mòran gus am faighear air a làn fhilleadh a-steach do ghnìomhan ionnsachaidh airson a h-uile sgoilear.
- Leasachadh air an ullachaidh airson gealltanais càileachd, a' gabhail a-steach cleachdadh beachdan dhaoine, gus dèanamh cinnteach gun toir iad buaidh air builean airson luchd-ionnsachaidh.

Dè thachras a-nis?

Chaidh iarraidh air an sgoil agus an ùghdarras foghlaim plana gnìomh ullachadh a' sealltainn ciamar a dhèiligeas iad ri prìomh thoraidhean na h-aithisge, agus am plana sin a cho-roinn ri pàrantan agus luchd-cùraim. Taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisge seo thèid innse do phàrantan agus luchd-cùraim mun adhartas a rinn an sgoil.

Graham Norris
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

4 Màrt 2008

Pàipear-taice 1 Cuimsean càileachd

Bha na cuimsean càileachd a leanas air an cleachdadh anns a' mhodh sgrùdaidh gus cur ri measadh air buaidh iomlan na sgoile a thaobh adhartachadh air ionnsachadh agus coileanadh airson a h-uile sgoilear.

Earrann 3. Dè cho math 's a tha an sgoil ag àrdachadh coileanadh do na h-uile?	
Eagrachadh a' chlàr-teagaisg	math
An teagasg	math
Coinneachadh ri feuman sgoilearan	math
Suidheachadh ionnsachaidh na cloinne	iomchaidh
Leasachadh pearsanta agus sòisealta	fìor mhath
Càileachd a' choileanaidh san fharsaingeachd: AS1/AS2	iomchaidh
Càileachd a' choileanaidh san fharsaingeachd: AS3/AS4	math
Càileachd a' choileanaidh san fharsaingeachd: AS5/AS6	math

Earrann 4. Dè cho math 's a tha an àrainneachd ionnsachaidh?	
An cùram aoghaireil	fìor mhath
Togalaichean agus goireasan	math
Suidheachadh agus dàimhean	fìor mhath
Sùileachadh agus adhartachadh coileanaidh	fìor mhath
Co-ionannachd agus cothromachd	fìor mhath
Co-obrachadh le pàrantan, a' Chomhairle Phàrant agus a' choimhearsnachd	fìor mhath

Earrann 5. Stiùireadh agus leasachadh na sgoile	
Stiùireadh a' cheannaird	math
Stiùireadh tron sgoil gu lèir	math
Fèin-mheasadh	iomchaidh

Tha an aithisg seo a' cleachdadh an sgèile fhacal a leanas gus breithneachadh an luchd-sgrùdaidh a shoilleireachadh:

sàr-mhath	air leth math, ceannas san earrann
fìor mhath	prìomh neartan
math	neartan cudromach le roinnean a dh'fheumar leasachadh
iomchaidh	neartan dìreach os cionn laigsean
lag	laigsean cudromach
neo-thaitneach	prìomh laigsean

Pàipear-taice 2 Geàrr-chunntas air freagairtean cheisteachan

Tha geàrr-chunntas air freagairtean cheisteachan anns an liosta gu h-ìosal. Chaidh coimhead ri prìomh nithean às na ceisteachain anns an sgrùdadh agus tha beachdan air an gabhail a-steach tron aithisg mar a bhios iomchaidh.

Na rudan a shaoil pàrantan a rinn an sgoil gu math	Na rudan a shaoil pàrantan a dh'fhaodadh an sgoil a dhèanamh nas fheàrr
<p>Fhreagair faisg air dara leth nam pàrantan na ceisteachain. Bha beachdan fìor mhath aca mun chuid as motha de roinnean. Gu sònraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> • bha na h-uile a' faireachdainn gun tug aithisgean sgoile dhaibh fiosrachadh feumail mu adhartas na cloinne aca; agus • bha togalaichean na sgoile air an cumail ann an òrdugh math. 	<p>Thog beagan phàrantan iomagainean mu roinnean de ionnsachadh agus teagasg, obair-dachaigh, agus an ìre fiosrachaidh a thug an sgoil dhaibh mu na prìomh amasan leasachaidh aice.</p>
Na rudan a shaoil sgoilearan a rinn an sgoil gu math	Na rudan a shaoil sgoilearan a dh'fhaodadh an sgoil a dhèanamh na b' fheàrr
<p>Bha beachdan fìor mhath aig sgoilearan mun sgoil. Gu sònraichte bha iad den bheachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> • gun robh iad a' faireachdainn sàbhailte agus tèarainte anns an sgoil; • gun do cheartaich luchd-teagaisg an obair-dachaigh; • gun robh luchd-teagaisg a' sùileachadh bhuapa obrachadh cho math 's a bha comasach dhaibh; agus • gun do chuidich luchd-teagaisg iad nuair a bha duilgheadas aca. 	<p>Thuirt beagan sgoilearan gun robh iomagainean aca mu roinnean de ionnsachadh agus teagasg, obair-dachaigh, agus an ìre gun deach dèiligeadh gu ceart ris a h-uile sgoilear anns an sgoil.</p>
Na rudan a shaoil luchd-teagaisg a rinn an sgoil gu math	Na rudan a shaoileas luchd-teagaisg a dh'fhaodadh an sgoil a dhèanamh na b' fheàrr
<p>Bha beachdan fìor dheimhinneach aig luchd-obrach mun h-uile roinn den sgoil ris an deach dèiligeadh anns a' cheisteachan.</p>	<p>Bu toil le beagan bhuill den luchd-faice a bhith an sàs nas motha ann am modhan co-dhùnaidh.</p>

Pàipear-taice 3 Coileanadh ann an Teisteanasan Nàiseanta Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA)

Ìrean Frèam Creideis agus Teisteanasan na h-Alba (SCQF):

- 7: Sàr Àrd-ìre aig A-C/CSYS aig A-C
 6: Àrd-ìre aig A-C
 5: Eadar-mheadhan 2 aig A-C; Ìre Choitcheann aig 1-2
 4: Eadar-mheadhan 1 aig A-C; Ìre Choitcheann aig 3-4
 3: Cùrsaichean Access 3; Ìre Choitcheann aig 5-6

Àireamh sa cheud de rolla AS4 a' coileanadh aig deireadh AS4

		2005	2006	2007 ⁴
Beurla agus Matamataig @ Ìre 3	Àrd-sgoil Gheàrrloch	100	92	100
	Nàiseanta	90	91	91
5+ @ Ìre 3 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	100	95	94
	Nàiseanta	90	91	91
5+ @ Ìre 4 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	97	89	86
	Nàiseanta	76	77	75
5+ @ Ìre 5 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	49	54	54
	Nàiseanta	34	35	32

Àireamh sa cheud de rolla AS4 a' coileanadh aig deireadh AS5

		2005	2006	2007 ⁴
5+ @ Ìre 4 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	94	100	92
	Nàiseanta	78	78	79
5+ @ Ìre 5 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	69	64	70
	Nàiseanta	45	45	46
1+ @ Ìre 6 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	56	56	62
	Nàiseanta	39	38	38
3+ @ Ìre 6 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	28	33	35
	Nàiseanta	23	22	22
5+ @ Ìre 6 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	13	15	22
	Nàiseanta	10	10	9

Àireamh sa cheud de rolla AS4 a' coileanadh aig deireadh AS6

		2005	2006	2007⁴
5+ @ Ìre 5 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	84	72	67
	Nàiseanta	47	48	47
1+ @ Ìre 6 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	76	63	62
	Nàiseanta	43	43	42
3+ @ Ìre 6 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	59	38	34
	Nàiseanta	30	30	29
5+ @ Ìre 6 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	43	25	31
	Nàiseanta	19	20	19
1+ @ Ìre 7 no nas fheàrr	Àrd-sgoil Gheàrrloch	35	16	15
	Nàiseanta	12	13	12

⁴ Ro Ath-thagradh

Ciamar a gheibh sibh fios thugainn?

Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac eile den aithisg seo

Chaidh lethbhric den aithisg seo a chur gu ceannard agus luchd-obrach san sgoil, Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair & an Spòrs, comhairlichean ionadail agus buill iomchaidh de Phàrlamaid na h-Alba. Neach sam bith a tha ag iarraidh lethbhreac an-asgaidh tha còir aige cur ga iarraidh gu Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim, 1st Floor, Taigh Endeavour, 1 Greenmarket, Dùn Deagh DD1 4QB no fònadh 01382 576700. Tha e ri fhaotainn cuideachd air an làrach-lìn againn aig www.hmie.gov.uk.

Beachdan agus Modhan Gearain HMIE

Neach sam bith a tha airson beachd a thoirt seachad mu nì sam bith co-cheangailte ri sgrùdaidhean àrd-sgoiltean, bu chòir dha sgrìobhadh an toiseach gu Frank Crawford, HMCI, aig Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim, Togalach Europa, 450 Sràid Earra-Ghàidheil, Glaschu G2 8LG.

Neach sam bith air a bheil iomagain mun aithisg seo, tha còir aige sgrìobhadh an toiseach chun a' Mhanaidsear Ghearanan againn, HMIE Business Management Unit, Dara Ùrlar, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Lèibhinn, EH54 6GA. Faodaidh sibh cuideachd post-dealain a chur gu HMIEcomplaints@hmie.gsi.gov.uk. Tha lethbhreac den mhodh gearain againn ri fhaotainn bhon oifis seo, le fònadh 01506 600200 no bhon làrach-lìn againn aig www.hmie.gov.uk.

Neach sam bith a tha fhathast mì-thoilichte aig crìch ar modh gearain, faodar gearan a thogail ri Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO). Tha an SPSO gu tur neo-eisimeileach le ùghdarras airson gearanan an aghaidh roinnean agus bhuidhnean Riaghaltais a rannsachadh. Bu chòir dhuibh sgrìobhadh gu Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba, Saor-phost EH641, Dùn Èideann EH3 0BR. Faodaidh sibh fòn a chur cuideachd gu 0800 377 7330 (facs 0800 377 7331) no post-dealain gu: ask@spsa.org.uk. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu oifis an Ombudsman ri fhaotainn bhon làrach-lìn: www.spsa.org.uk.

Còraichean glèidhte leis a' Chrùn 2008

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim

Faodar lethbhreac a dhèanamh den aithisg seo gu h-iomlan no de earrann dhi, ach chan fhaodar a cleachdadh ann am malairt no ann an co-cheangal ri leabhran-fiosrachaidh no sanas, agus feumar iomradh a thoirt air an aithisg agus ceann-là a foillseachaidh.